

Cabadaich Còmhla



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba

Theirig sìos dhan ìre agamsa

Bidh sìos aig an ìre agamsa gus am faic thu m' aghaidh gu soilleir is gum faic mi d' aghaidh fhèin.

Thoir an aire a dh'fhaicinn dè tha m' fhiamhan-aghaidh, fuaimean is facail ag innse dhut.



Sgan an seo gus am faic thu an smuain seo ga cur an gnìomh air làrach-lìn BBC CBeebies Parenting (Pàrantachd) no tadhail air <https://tinyurl.com/4yp5fkpp>



Cabadaich Còmhla

Coimhead is fuirich mus tòisich thu a' bruidhinn

'S fhìor thoil leam nuair a chluicheas
tu còmhla rium, a' leigeil leam a
bhith aig an stiùir.

Coimhead is feitheamh a dh'fhaicinn
mar a chuireas mi romham a bhith a'
cluich is na tha ùidh agam ann.

Rach ann le bhith a' cur facal ann no a'
gabhail turas. Thoir dhomh tìde gu leòr
ri freagairt.



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba



Sgan an seo gus am faic thu an smuain seo ga cur an
gnìomh air làrach-lìn BBC CBeebies Parenting
(Pàrantachd) no tadhail air
<https://tinyurl.com/d9ak3ewp>



Cabadaich Còmhla



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba

**Dèan atharrais air na fuaimean
no facail agam is cur beagan a
bharrachd ris**

Nuair a nì thu atharrais orm, bidh mi a' mothachadh gu bheil thu ag èisteachd, is tha e a' cuideachadh gus an còmhradh a chumail a' dol. Tha na seantansan nas fhaide agad gam chuideachadh le bhith ag ionnsachadh fhacail ùra.

**Na gabh dragh mura chanas mi na fuaimean
uile ceart fhathast.**



Sgan an seo gus am faic thu an smuain seo ga cur an gnìomh air làrach-lìn BBC CBeebies Parenting (Pàrantachd) no tadhail air <https://tinyurl.com/3ddzhcfa>



Cabadaich Còmhla

Bruidhinn rium ge bith dè tha sinn a' dèanamh

Cabadaich rium air na tha sinn trang ris, co-dhiù a tha mi a' cur aodach orm no a' coiseachd dhan sgoil-àraich.

Feuch ri facal a chur ann an àite ceistean fhaighneachd. Thoir tìde dhomh turas a ghabhail, le no às aonais fhacail.



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba



Sgan an seo gus am faic thu an smuain seo ga cur an gnìomh air làrach-lìn BBC CBeebies Parenting (Pàrantachd) no tadhail air <https://tinyurl.com/ye27twfs>

